

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**23/2/23 1000-1300**

**Teams**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:           Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair)           Marion Nic na Ceàrdaich  
                  Rhoda NicDhòmhnaill                           Ceit-Anna NicLeòid  
                  Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                  Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                  Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)  
                  Uisdean MacLeòid [UML] – airson puingean 7-deireadh  
                  Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)  
                  Eunice Macadam bho Saffrey Champness (puing 13)

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin

**2. Gnothaichean dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (10/11/22)**

3.1 Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Comharraichte.

**5. Pasgan Cunntasachd Q3 2022-23**

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

5.2 Chaidh còmhradh a chumail mun t-suim airgid a bhiodh sa bhanca aig deireadh na bliadhna ionmhais agus bhathas a' moladh fòcas a bhith air an seo ann an còmhradhean leis an

Riaghaltas. Aig an aon àm bha aithneachadh ann gu bheil an t-suim-airgid aig deireadh na bliadhna reusanta ann an co-theacsa a' ghnìomhachas anns a bheileas.

5.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta le na Cunntasan.

5.4 **Gnìomh:** b' e rùn na Comataidh dearbhadh fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba gu robh iad riarachta leis an t-suim a bhathas an dùil a bhiodh sa bhanca aig deireadh na bliadhna ionmhais, agus gum biodh an dearbhadh sin fa chomhair coinneimh a' Bhùird sa Mhàrt. (DC)

## 6. KPIs/Dashboard

6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.

6.2 Chaidh deasbad choileanta a chumail mu na KPIs agus b' iad na prìomh phuingeann deasbaid:

- Ciamar a bu chòir na KPIan a bhith air an stèidheachadh ann an co-theacsa an Lèirsinn?
- Tha cuid de KPIan a' tomhas rudan air nach eil mòran smachd aig MG ALBA, ach tha cuid eile ann airson a bhith a' draibheadh obair agus co-dhùnaidhean na buidhne – ciamar a b' fheàrr a nithear eadar-dhealachadh eatorra? Feumaidh na KPIan a bhith a' cuideachadh ann a bhith a' draibheadh cosgais agus fòcas na buidhne seach a bhith ag aithris a-mhàin.
- Ciamar a tha iad a' ceangal ris am Frèam-obrach Dearbhaidh?
- Feumaidh gnothaichean uaine agus lùghdachadh carboin a bhith nan luib.
- Bu chòir obair nas buige na buidhne a shealltainn annta, leithid soirbheachas Creideas nar Cosnaichean, trèanadh agus an t-airgead a tha a' dol gu ruige an roinn neo-eisimeileach.
- Feumar tuigsinn far a bheil co-dhùnaidhean mu chosgaisean (prògraman mar as trice) a' ceangal ri KPIan. Mar eisimpleir, ma tha prògraman cosgail a' dol a-mach ann an Q3, bu chòir gum biodh cuid de na KPIan nas làidire.
- Feumar stiùir fhaighinn bho na KPIan gus fios a bhith ann air dè dh'fheumas tachairt son an ùine làthaireachd agus an fhad ùine.

6.3 San fharsaingeachd chaidh innse gur e cairteal math a bh' air a bhith ann, le soirbheachas a' crochadh air prògraman ùra sa chlàr. Le soirbheachas leithid An Clò Mòr (aig toiseach Q4) tha fianais a' leantainn mun cheangal eadar prògramadh le buaidh agus deagh KPIan.

6.4 Chaidh innse gu bheil na trends a thaobh Ruigse (reach) coltach ri PSBs eile.

6.5 Bhathas a' faicinn 'spikes' ann an seallaidhean neo-loidhneach (non-linear content views) agus chaidh còmhradh a chumail mun bhuannachd a bhith ag aithris ann an dà dhòigh – às aonais *viral clips* (underlying performance) agus leotha; agus gum biodh seo na stiùir air ciamar a dheigheadh ro-innleachd a chur air adhart airson an dà chuid.

6.6 Chaidh innse gum bi an sgioba coimeasanaidh a' cleachdadh na KPIan ann a bhith a' dealbhadh phrògraman.

- 6.7 Bha aithne ann gu feumar an tuilleadh goireas gus an obair seo a choileanadh.
- 6.8 **Co-dhùnadh:** thèid obair leasachaidh a dhèanamh air na KPIan agus thèid beachdachadh air buidheann-obrach a stèidheachadh le oifigearan agus buill.
- 6.9 **Gnìomh:** thig seo air beulaibh a’ Bhùird sa Mhàirt. (DMD)

## 7. Riosg

- 7.1 Bha Clàr Riosgan air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil riosgan air an comharrachadh agus leasachaidhean (mitigations) air an cur an sàs. Chaidh a mhìneachadh le UM agus chaidh deasbad a chumail mun phrìomh riosgan a bh’ air beulaibh na Comataidh.
- 7.2 Chaidh innse gu robhas air miann a’ Bhùird airson barrachd fios mu adhartas le gnìomhan leasachaidh a làimhseachadh anns a’ chòrbh air an robh “Management Comment”, agus gun deigheadh tiotal a’ chòrbh sin atharrachadh an ath turas gus mìneachadh gur ann mu adhartas le gnìomhan sònraichte a bha e.
- 7.3 Riosg #14 – chaidh ceist a chur an robh an riosg seo ann an da-rìribh air a thighinn sìos, gun fianais air Lèirmheas na Co-bhanntachd. Chaidh innse nach eil modail-obrach eile a’ coimhead coltach an-dràsta gu practaigeach. Nuair a bhios an Lèirmheas deiseil bidh e riatanach don Bhòrd aig MG ALBA beachd a ghabhail air am bi am modail ùraichte comasach air amasan agus feumalachdan MG ALBA a shàsachadh. Chaidh a ràdh nam b’ e ‘s nach robh roghainn eile ann a thaobh modail-obrach gum bu chòir sin aithris chun Bhùird sa bhad agus nam biodh feum, ath-mheasadh a dhèanamh air an riosg seo.
- 7.4 Riosg #17 - chaidh ceist a chur a thaobh atharrachadh ann an Ceannard Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba agus an riosg a dh’fhaodadh a bhith ann a thaobh taic don Ghàidhlig. Chaidh a ràdh gun cumar sùil air an seo.
- 7.5 Riosg #19 - chaidh ceist a chur a thaobh goireasan luchd-obrach agus an robhas a’ coimhead ri obraichean a bharrachd no an robh goireas gu leòr ann airson cumail suas ri *engagement* is a leithid, le aithne gu robh an Sgioba Àrd-stiùiridh air a thanachadh mu thràth. Chaidh innse gu bheil seo na chunnart ach gu bheileas ann an suidheachadh an-dràsta far a bheileas a’ toirt atharrachadh air a’ bhuidheann, a’ cur an sàs siostaman obrach nas èifeachdaich agus a’ toirt sùil air an obair a dh’fheumas am buidheann a dhèanamh agus obair as dòcha a dh’fhaodadh am buidheann a leigeil dhith. Bha aithne ann gu feumar an tuilleadh goireas no obair a chur gu ruige margaidheachd agus *engagement*. Chaidh ceist a chur an robh e dha-rìribh fìor gu robh an riosg seo air a dhol sìos mar a bha sa chlàr.

- 7.6 San fharsaingeachd, feumar a bhith faicilleach a thaobh briathran nan riosgan le feum air am Frèam-obrach Dearbhaidh a bhith a’ sealltainn ciamar a thathas ag aithneachadh nan dùbhlán.
- 7.7 **Co-dhùnadh:** fiosrachadh chun Bhùird slàn air na nithean a chaidh a dheasbad aig a’ Chomataidh.
- 7.8 **Gnìomh:** thig pàipear chun Bhùird sa Mhàirt, le fiosrachadh a bharrachd, gu h-àraidh a thaobh Riosg #14. (DC)

## 8. Frèama-obrach Dearbhaidh

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Aig a’ choinneimh mu dheireadh den Chomataidh, rinn buill sgrùdadh air na 10 “Assurance Statements” agus aig bùth-obrach Riosg air 22/11/22, rinn buill a’ Bhùird barrachd sgrùdadh air na h-Aithrisean sin, far an deach dùbhlán a chur mu choinneimh am bu chòir dhaibh a bhith firinneach (realistic) no am bu chòir dhaibh a bhith amasach (aspirational) ach le measadh coileantais nan cois.
- 8.3 Chaidh deasbad choileanta a chumail air na h-Aithrisean fhèin agus am briathrachas annta, le aithne agus aonta gu feum miann a bhith àrd agus cothromachadh a lorg eadar miann agus dè dh’fhaodadh tachairt ann an da-rìribh, le fòcas air Aithrisean stèidhichte air siostaman.
- 8.4 Bha diofar cheistean fo dheasbad:
- 8.5 Ciamar?
- Dh’fheumar sealltainn na siostaman a tha a’ suidhe fon Frèama-obrach – ciamar a thathas a’ tighinn chun na h-ìrean dearbhaidh.
- 8.6 Cò?
- Cò bhios ga ruith agus a’ cur an sàs an atharrachaidh, a’ dèanamh cinnteach gun tèid na nithean air fad san frèam-obrach a thoirt air adhart gu h-ìomchaidh, a’ toirt fainear do atharrachadh cultair na buidhne agus a’ coimhead ri cùisean ann an co-theacsa na KIPan agus a’ toirt sùil air dè an obair a dh’fheumas am buidheann stad a dhèanamh?
- 8.7 Dè?
- Dè dh’fheumas tachairt gus a’ chiad loidhne dìon a neartachadh? Bha aithne ann gu robh laigsean fhathast sa chiad loidhne-dìon agus gu feumar seo a chur ceart sa bhad. B’ e sin a’ chiad phrìomhachas.
- 8.8 Bhiodh plana gnìomh, a’ toirt a-steach in-sgrùdadh (internal audit), mar phàirt den ath cheum.

- 8.9 **Co-dhùnadh**: air an t-slighe cheart ach le feum air an tuilleadh obrach agus plana leasachaidh.
- 8.10 **Gnìomh**: 1) thig Aithrisean ath-sgrìobhte air ais chun Chomataidh, le colbh air pròiseasan a' sealltainn ciamar a thathas a' coileanadh nan Aithrisean agus thig am Frèam-obrach Dearbhaidh air beulaibh a' Bhùird sa Mhàirt. (DC)

## 9. **Puingean dearbhaidh sònraichte**

### *Dìon saidhbear agus Plana Leantainneach Gnothaich*

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr air adhartas cunnartan a) Dion saidhbear agus b) Plana Leantainneach Gnothaich agus chaidh deasbad a chumail.  
*Dìon saidhbear*
- 9.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche ach le aithne gu feum sgrùdadh in-taigh (internal audit) a bhith ann gus fianais a thoirt seachad gu bheileas air na nithean iomchaidh a dhèanamh.
- 9.3 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneamh. (EMD)  
*Plana Leantainneach Gnothaich*
- 9.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche ach le tuigse gun tig fios air ais chun Chomataidh air dè thathas a' dèanamh mu na gnìomhan leasachaidh.
- 9.5 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneimh. (UML)

## 10. **Cùmhnantan Seirbheis**

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le liosta de sheirbheisean a bhathas a' ceannach a-staigh, cuin a chaidh an ùrachadh, an deach iad tro fharpais fhosgailte agus cuin a bhiodh iad a' tighinn fo lèirmheas, agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2 Bha am pàipear ag aithris gun deach grunn cùmhnantan a-mach gu tairgse agus bithear ag ath-sgrùdadh grunn cùmhnantan eile sa bhliadhna a tha romhainn.
- 10.3 Chaidh innse gu robh dùil gun deidheadh an cùmhnant airson Rannsachadh Luchd-amhairc a thairgsinn a-rithist san Dùbhlachd 2022 ach airson obair a bharrachd a dhèanamh air feumalachdan agus ùine deasbaid a bharrachd a thoirt don Bhòrd chaidh co-dhùnadh a ghabhail seo a shìneadh airson 6 mìosan a bharrachd gu an Dàmhair 2023.
- 10.4 Chaidh a ràdh, nuair nach deach cùmhnant tro phròiseas fhosgailte, gum bu chòir mìneachadh carson agus ciamar a bha e ceadachta bho shealladh poileasaidh.
- 10.5 Bha aonta ann gu feumar beachdachadh air dè thathas ag iarraidh bho *internal audit* a thaobh luach an airgid a dhearbhadh.

- 10.6 Chaidh deasbad a chumail mun phròiseas solarachaidh agus nam b' e 's nach robhas a' faighinn ach aona thagradh airson seirbheis an robhas a' dèanamh obair gu leòr agus an robh an siostam solarachaidh iomchaidh.
- 10.7 Chaidh ceist a chur an robh dòigh ann an tuilleadh obair HR a dhèanamh in-taigh.
- 10.8 **Co-dhùnadh:** bha feum air coimhead ri na cùmhnantan seirbheis gu h-iomlan, le fiosrachadh iomlan ga thoirt seachad mu choinneamh gach fear, le aithne gur dòcha gu feumar an tuilleadh ghoireas gus seo a dhèanamh gu sgiobalta.
- 10.9 **Gnìomh:** thig pàipear chun na h-ath choinneimh. (SMD)

## 11. Ath-sgrùdaidhean

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le iomraidh ga thoirt air ath-sgrìobhaidhean na dhiofar phoileasaidhean - Còd Giùlain nam Ball, Gnàth Riaghailtean agus Sgeamaichean Tiomnachaidh agus Rianachd
- 11.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 11.3 **Gnìomh:** thèid iad air beulaibh a' Bhùird airson aonta. (MAMI)

## 12. Poileasaidh cùl-stòran (reserves)

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 12.2 Chaidh innse gu bheileas a' coimhead air am bu chòir poileasaidh foirmeil a bhith aig MG ALBA mu chùl-stòran.
- 12.3 Chaidh deasbad a chumail a thaobh an cunnart, mar ghnìomhachas, mura biodh airgead no cùl-stòran ann nam b' e, ged a bha e neo-choltach gun tachradh a leithid, 's nach biodh an Riaghaltas ann an suidheachadh airgead a thoirt dhan bhuidheann airson adhbhar air choireigin, agus nach b' urrainn don bhuidheann cumail a' dol le cosgaisean ruithe.
- 12.4 **Co-dhùnadh:** feumaidh còmhraidhean a bhith ann le gach Riaghaltas gus faicinn dè na cùl stòran airgid (cash reserves) a bu chòir a bhith aig MG ALBA.
- 12.5 **Gnìomh:** 1) thèid còmhraidhean a chumail le na Riaghaltasan, le Cathraiche na Comataidh an làthair nam biodh sin gu feum agus 2) thig pàipear chun na h-ath choinneimh Comataidh ann an co-theacsa dearbhaidh air bunait gnìomhachais leantainneach (going concern basis), rud a bhios riatanach airson na Cunntasan Bliadhna. (DC)

## 13. Luchd-sgrùdaidh - planadh

- 13.1 Thaisbean Eunice Macadam bho Saffrey Champness aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh gu buill.

- 13.2 Chaidh innse gu bheil ISA ùr an lùib sgrùdadh na bliadhna seo.
- 13.3 Chaidh taing a bhuileachadh air Eunice airson a bhith an làthair.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta
- 13.5 **Gnìomh:** thig an sgrùdadh air adhart agus bidh seo air clàr na Comataidh sa Chèitean.  
(MAMI)

#### 14. Riaghlachas na Comataidh

- 14.1 Bha pàipear agus clàr-obrach na Comataidh airson 2022/23 air beulaibh bhall, a' sireadh beachdan bhuill an robh a' Chomataidh a' dèiligeadh ri gach ni agus a' freagairt air nithean a thig am bàrr.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta
- 14.3 **Gnìomh:** thèid Cùmhnantan Seirbheis and Poileasaidh Chùl-stòran a chuir ris a' Chlàr-obrach. (MAMI)

#### 15. GISBE

Cha robh gin.

#### 16. Deit na h-ath choinneimh – 25/5/23

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: